

Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich

Notaichean dha Tidsearan agus Luchd-taic Inbheach

Clàr-innse

1. A' Tadhail air an Taisbeanadh
2. An Taisbeanadh
3. Freagairtean Slighe nan Seumasach
 - Duilleag 1 - Craobh-theaghlaich
 - Duilleag 2 - 1689 (Seumas VII agus II)
 - Duilleag 3 - 1708 (Seumas VIII agus III)
 - Duilleag 4 - 1745 (Am Prionnsa Teàrlach)
4. An dèidh tadhail
5. Goireasan eile



Ro-ràdh

Cuir eòlas air sgeul firinneach a' Phrionnsa Teàrlach Eideard Stiùbhart, no Teàrlach Òg Stiùbhart, agus air èirigh is crìonadh nan Seumasach.

Thig an sàs ann an saoghal nan Stiùbhartach, **aon** sliochd rìoghail a chaidh a roinn na **dà** chùirt air sgàth creideimh, poileataigs agus cogaidh, is iad a' strì airson crùn **trì** rìoghachdan na h-Alba, Shasainn agus na h-Èireann. Ionnsaichidh tu ciamar a chaidh **ceithir** rìghrean Seumasach a chleachdadh ann an saoghal toinnte poileataigeach na Roinn Eòrpa. Agus lean strì nan Seumasach is iad ag iarraidh nan rìoghachdan caillte aca an lùib **còig** aramach airson a' chrùin, agus am fear mu dheireadh dhiubh sin a' tighinn gu crìch anns an ruaig sgriosail aig Cùil Lodair agus an lùib teicheadh a' Phrionnsa Teàrlach don Eilean Sgitheanach agus air adhart don Roinn Eòrpa.

Leigidh slighe nan sgoilearan leis a' chlas agad an taisbeanadh agus eachdraidh nan Seumasach a rannsachadh tro thriùir Sheumasach: Seumas VII agus II, Seumas VIII agus III agus am Prionnsa Teàrlach.

1. Tadhal air an Taisbeanadh

(Nach sgoil thu am fiosrachadh seo don luchd-taic inbheach agad)

Fiosrachadh cudromach

- Chan fhaodar biadh no deoch a thoirt a-steach
- Chan fhaodar dealbhan a thogail
- Dèan cinnteach gur e peansail a chleachdas na sgoilearan
- Thèid sibh a-steach is fàgaidh sibh tro dhorsan diofraichte. Dèan cinnteach gum fàg a h-uile duine tron doras aig deireadh an taisbeanaidh
- Tha sinn a' moladh gum freagair sibh duilleag 1 den t-slighe còmhla mar chlas is an uair sin gun tèid an roinn ann an trì buidhnean agus gach buidheann ga cur gu roinn (bliadhna) dhiofraichte airson obair a dhèanamh air tè de na duilleagan.
- Bidh eadar 45 mionaidean is uair a thìde agaibh san taisbeanadh - thèid seo a dhearbhadh air an fhios-dearbhadh agaibh - **feumar cumail ris an uair dhearbhte agaibh.**

Duilleag	Caractar	Bliadhna	Roinnean taisbeanaidh
1	N/A	N/A	Na Stiùbhartaich agus Aonadh nan Crùintean
2	Seumas VII agus II	1688	Ath-stèidheachadh nan Stiùbhartach, na Stiùbhartaich dealaichte, Cùirt air fògradh
3	Seumas VIII agus III	1708-1715	Aramach Sheumais VIII is III, A h-uile rathad a' dol don Ròimh
4	Am Prionnsa Teàrlach	1745	Am Prionnsa Teàrlach agus aramach deireannach nan Seumasach

Eisimpleir de dh'òrdugh

Buidheann 1	Duilleag 1, Duilleag 2, Duilleag 3, Duilleag 4
Buidheann 2	Duilleag 1, Duilleag 3, Duilleag 4, Duilleag 2
Buidheann 3	Duilleag 1, Duilleag 4, Duilleag 2, Duilleag 3

Ùine – 60 mionaid

Ro-ràdh is Duilleag 1 = **10 mion**
Duilleag 2–4 = **15 mion an urra**
5 mion airson gluasad eatarra

Ùine – 45 mionaidean

Ro-ràdh is Duilleag 1 = **10 mion**
Duilleag 2–4 = **10 mion an urra**
5 mion airson gluasad eatarra

Moladh

- Faodar an roinn 'An urrainn dhut a lorg?' aig bonn duilleig 3 (ròsan, duilleagan/cnothan daraich is neòineanan-grèine) a chleachdadh tron tadhal gu lèir - tha grunnan dhiubh anns an taisbeanadh.
- Ma tha an ùine a ruith, faodar am pìos obrach mu dheireadh le saighdearan Seumasach agus Riaghaltais a dhèanamh an dèidh dhuibh tilleadh don sgoil.

2. An Taisbeanadh

Tha an taisbeanadh ann an òrdugh a rèir eachdraidh agus tha fiosrachadh ann mu na còig aramachan Seumasach: 1689, 1708, 1715, 1719 agus 1745. Tha brataichean crochte air a bheil bliadhna an aramach agus ainmean an rìgh no na Bànrigh ann an Lunnainn agus ainmean nan rìghrean, prionnsachan Seumasach air fògradh. Tha trì filmichean goirid ri fhaicinn san taisbeanadh.

Tha e ga roinn ann an 9 roinnean (agus dath diofraichte air a' bhalla anns gach roinn):

- 1. Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich:** Ro-ràdh mun taisbeanadh far a bheil dealbh den Phrionnsa aig Taigh an Ròid agus cluinnean an t-òran ainmeil Seumasach 'Skye Boat Song'.
- 2. Sliochd nan Stiùbhartach agus Aonadh nan Crùintean:** Tha craobh-theaghlaich nan Stiùbhartach an seo agus Aonadh nan Crùintean fo Sheumas VI is I an 1603. Tha cuspairean leithid riaghladh, creideamh is cumhachd agus an cogadh sìobhalta is murt Theàrlaich I ri fhaicinn an seo.
- 3. Tilleadh nan Stiùbhartach:** Fios air ath-stèidheachadh còir nan rìghrean fo Theàrlach II. Tha fios ann air strì a' chreidimh (Pròstanaich/Caitligich) an dèidh crùnadh Sheumais VII is II, a bha na Chaitligeach.
- 4. Na Stiùbhartaich dealaichte:** Sgeul Sheumais VII is II is e air fògradh san Fhraing agus mar a chuireadh a phiuthar Màiri agus a duine (agus a co-ogha) Uilleam Orainds na àite. Bha sgaradh anns an dùthaich eadar na Seumasaich (luchd-taic Sheumais) agus na h-Uilleamaich (luchd-taic Uilleim is Màiri). Tha sgeul Murt Ghleann Comhann ga innse cho math ri strì 1689.
- 5. Cùirt air fògradh:** Cùirt nan Stiùbhartach agus an teaghlach rìoghail air fògradh aig Saint-Germain-en-Laye san Fhraing agus bàs Sheumais VII agus II.

Film mun chùirt san Fhraing.

- 6. Aramach Sheumais VIII is III:** An t-Aonadh ann an 1707 agus sgrùdadh air na h-oidhirpean le Seumas VIII is III (1708, 1715 agus 1719). Iomradh ga thoirt air Achd an Rèiteachaidh is Achd an Dìona ann an 1704 a stèidhich còraichean sliochd Pròstanach Hanòbhair. Tha loidhne-ama ri fhaicinn mu thimcheall a' bhalla.
- 7. A h-uile rathad a' dol don Ròimh:** Sgrùdadh air an ùine a chuir Seumas VIII is III seachad san Ròimh aig Palazzo del Re (Lùchairt an Rìgh) agus breith a' Phrionnsa Teàrlach is a' Phrionnsa Eideard. Tha targaid a' Phrionnsa agus soitheach-bidhe am measg nan nithean inntinneach a tha ri fhaicinn.
- 8. Am Prionnsa Teàrlach agus aramach deireannach nan Seumasach:** Bliadhna Theàrlaich, bhon a ràinig am Prionnsa Alba ann an 1745 gu Blàr Chùil Lodair sa Ghiblean 1746. Chithear Blàr Shliabh a' Chlamhain, a' chùirt aig Taigh an Ròid, a' chaismeachd gu Derby agus teicheadh a' Phrionnsa.

Film mun Phrionnsa Teàrlach ann an Dùn Èideann agus aig Taigh an Ròid.

Film mu Bhlàr Chùil Lodair.

- 9. Rìghrean thar sàile:** Tilleadh a' Phrionnsa don Ròimh agus beatha is bàs Theàrlaich agus a bhràthar, Eanraig) an dèidh ruaig nan Seumasach ann an 1746.

A' Chraobh-theaghlaich – fios a bharrachd

Tha an taisbeanadh a' tòiseachadh le craobh-theaghlaich nan Stiùbhartach bho Sheumas VI is I agus Aonadh nan Crùintean ann an 1603. Feumar grunn rudan cudromach a chumail air chuimhne nuair a thathar a' sgrùdadh na craoibhe:

- Ann an 1603, chaidh Rìgh na h-Alba, Seumas VI, na Rìgh Shasainn an dèidh bàs Ealasaid I. Uaireannan an dèidh seo, bhiodh dà àireimh Ròmanaich ann an dèidh ainm an rìgh, b' e sin àireamh Rìgh na h-Alba agus àireamh Rìgh Shasainn: b' e Seumas VI is I an siathamh Rìgh Seumas ann an Alba ach a' chiad Rìgh Seumas ann an Sasainn.
- Tha a' chraobh-theaghlaich a' sealltainn nam bliadhnaichean a bha gach duine beò agus nam bliadhnaichean a bha iad a' riaghladh gu h-ìosal. Tha am facal 'Seumasach' mu choinneimh nan Rìghrean Seumasach (na rìghrean air fògradh thar sàile) – tha an tiotal Rìgh no Bànrigh ga chur air gach duine san taisbeanadh a bha den bheachd gur e rìgh no Bànrigh dhligheach a bh' annta.
- Tha solais a' sònrachadh cuid a dhealbhan – 's iad seo prìomh dhaoine an taisbeanaidh.
- Rachadh ainmean eile no far-ainmean a chur air rìghrean air fògradh gu bitheanta:
 - Chaidh Seumas VIII is III agus 'An Seann-tagarach' a chur air Seumas Frainseas Eideard Stiùbhart
 - Chaidh Teàrlach Òg Stiùbhart agus 'An Tagarach Òg' a chur air Teàrlach Eideard Stiùbhart

3. Freagairtean Slighe nan Seumasach

Tha an t-slighe a' tòiseachadh le pàirt de dh'uaireadair a bheir an clas agad air ais tro thìm airson coinneachadh ri triùir a bha ainmeil ann an eachdraidh nan Seumasach. (Lorgaidh tu an t-uaireadair ann an roinn a' Phrionnsa Teàrlach agus roinn aramach nan Seumasach ann an taisbeanadh Blàr Shliabh a' Chlamhain.

Duilleag 1 – A' Chraobh-theaghlaich

- Chaidh mo chrùnadh-sa mar Rìgh na h-Alba, Shasainn is na h-Èireann an 1685
- Chaidh mo rìoghachdan a thoirt bhuam ann an 1688
- Chuir mi mo chùirt air chois ann an Saint-Germain-en-Laye san Fhraing



Is mise Seumas VII agus II

- Rugadh mi air 10 Ògmhios 1688
- Chuir cuid an Seann-tagarach orm
- 'S ann aig Palazzo de Re sa Ròimh san Eadailt a bha mo chùirt-sa



Is mise Seumas VIII agus III

- Rugadh mise ann an 1720
- Bha mi aig ceann aramach nan Seumasach ann an 1745
- Chaidh iomadh ainm a chur orm agus an Tagarach Òg nam measg



Is mise am Prionnsa Teàrlach Eideard Stiùbhart

Duilleag 2 – 1689 (Seumas VII agus II)

Thoir sùil air a' chlogaid
Dè an dà bheathach a chì thu?

Aon-adharcach

Leòmhann

Dè an t-ainm a th' air an Òrd Ridireachd?

Òrd a' Chluarain



Duilleag 3 – 1708 (Seumas VIII agus III)

1707 AONADH nam Pàrlamaidean

1708 Dh'fheuch mi ri tighinn air tìr an Alba airson mo chrùn a chosnadh ach b' fheudar dhomh tilleadh don **FHRAING**

1714 A' Bhàn-rìgh **ANNA** a' bàsachadh agus **SEÒRAS I** air a chrùnadh

1715 Cath **PRESTON**


1715 Cath **SLIABH AN T-SIORRAIM**

Lorg an dealbh dheth nuair a bha e còig bliadhna a dh'aois. Dè tha e a' tomhadh ris?

Itean Phrionnsa na Cuimrigh le crùn – bha seo a' taisbeanadh a chòraichean air crùn nan trì rìoghachdan. B' e na h-itean suaicheantas Phrionnsa na Cuimrigh, oighre an rìgh.

Lorg an targaid seo.

'S e tiodhlac a bh' ann don Phrionnsa Teàrlach.



Nì a' chlann dealbh de shuaicheantas on targaid.
'S iad sin:

Suaicheantas	Ciall
Ceann Medusa	Neach-dìona
Brataichean le cluarain	Còraichean nan Stiùbhartach air a' chrùn
Cluaran is crùn	Seann shuaicheantas na h-Alba
Neòineanan-grèine	Dìlseachd agus leanaidh ceann an neòinein a' ghrian
Ultaichean mhaidean	Nearr le taic mòran dhaoine
Cartouche (cumadh uigh le loidhne tharsainn aig a cheann) le suaicheantasan	Buaidh Sheumasach

Tha an targaid air a dèanamh de dhiofar nithean. Ainmich trì de na nithean sin.

Tha ceithir freagairtean ann uile gu lèir:

Fiodh

Craiceann muice

Sgeadachadh airgid

Craiceann jaguar

Airson obair 'An urrainn dhut a lorg?' aig bonn duilleig 3, tha grunn shuaicheantasan gan cur gu feum air feadh an taisbeanaidh. Thoir sùil air nithean leithid frèamaichean dhealbhan no glainneachan Seumasach aig deireadh an taisbeanaidh.

Bha ciall eile air na suaicheantasan diomhair leithid:

Ròsan – Bha ròs a-mhàin a' riochdachadh an Rìgh Seumas air fògradh, bha gucag ròis a-mhàin a' riochdachadh a' Phrionnsa Teàrlach, agus bha dà ghucaig ròis a' riochdachadh a' Phrionnsa agus a bhràthar, am Prionnsa Eanraig Benedict.

Neòineanan-grèine – Tha iadsan a' riochdachadh dìlseachd. Bidh ceann an neòinein a' leantainn na grèine, a tha a' riochdachadh an rìgh.

Duilleagan is cnòthan daraich – Tha iadsan a' riochdachadh ath-shuidheachaidh is ath-bheothachaidh agus bhathar gan cleachdadh ann an linn Theàrlach II.

Duilleag 4 – 1745 (Teàrlach Òg Stiùbhart)

An urrainn dhut trì diofaran a lorg eadar an dealbh seo is an fheadhainn eile?

(Tha a' cheist seo ag iarraidh air na sgoilearan coimeas a dhèanamh eadar dealbh beag 3 agus an fheadhainn eile san taisbeanadh. Tha Teàrlach ga riochdachadh mar dhuine-uasail Albannach ann an dealbh 3, agus mar am Prionnsa anns a' chòrr).

'S ma dh'fhaoidte gum bi a leithid seo de fhreagairtean ann:

1. Breacan no aodach tartain dathte an coimeas ri aodach dubh is geal.
2. Òrd a' Ghartain no gun ghartan sam bith.
3. Bann gorm no gun bhann sam bith.
4. Ad leis an t-Suaicheantas Bhàn no gun ad sam bith.

Bu chòir gum bi na leanas ann mu choinneimh nan saighdearan

Saighdear Seumasach:

targaid

bonaid leis an t-Suaicheantas Bhàn
claidheamh le dòrn aisneach

Saighdear an Riaghaltais:


ad thrì-taobhach

musgaid

'S e àireamh 8 an t-uairdeair mu dheireadh (leis a' Phrionnsa Teàrlach) anns a' chiad bhogsa-taisbeanaidh san roinn 'Rìghrean thar sàile'.

Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich Notaichean dha Tìdsearan agus Luchd-taic Inbheach


bonaid leis an
t-Suaicheantas
Bhàn



claidheamh le
dòrn aisneach

Saighdear
Seumasach

ad thrì-taobhach



musgaid

Saighdear an
Riaghaltais

4. An dèidh an turais

Tha an t-uabhas a ghabhas dèanamh stèidhichte air a' Phrionnsa Teàrlach agus na Seumasaich air ais aig an sgoil.

Obair ealain

- Cruthaich an targaid agad fhèin - chithear eisimpleirean air an làraich-lìn againn: www.nms.ac.uk/explore/search-our-collections
- Dèan an Suaicheantas Bàn mar a chithear air feadh an taisbeanadh: www.jacobites.org.uk/ipad/docs/Cockade.pdf
- Dealbhaich postar eucoirich air a bheil am Prionnsa Teàrlach - an dèidh Blàr Chùil Lodair thairg an Riaghaltas airgead-chinn luach £30,000 nan rachadh a ghlacadh
- Ann am buidhnean, cruthaich obair ealain anns a bheil suaicheantas Seumasach (mar a chithear san taisbeanadh) gus am faicear cia mheud a dh'aithnicheas daoine

Obair litearra

- Tha leabhar-latha Seumasach anns an taisbeanadh is e sgrìobhte air paca chairtean. Sgrìobh leabhar-latha a' toirt tuairisgeul air cò ris a bha e coltach a bhith a' sabaid mar Sheumasach aig Blàr Chùil Lodair agus an uair sin a' teicheadh fo choille.
- Sgrìobh aithris naidheachd air pàirt de Bhliadhna a' Phrionnsa 1745-46 a leithid:
 - Teachd a' Phrionnsa a dh'Alba agus foillseachadh a bhraiteach
 - Buaidh nan Seumasach aig Sliabh a' Chlamhain
 - An ratreut gu tuath à Derby
 - Blàr Chùil Lodair
- Tha mòran òran ann a thaobh aramachan nan Seumasach anns a bheil eòlas mu eachdraidh nan Seumasach a leithid:
 - The Skye Boat Song : http://www.rampantscotland.com/songs/blsongs_skye.htm
 - Johnnie Cope a tha stèidhichte air Blàr Shliabh a' Chlamhain: http://www.rampantscotland.com/songs/blsongs_cope.htm
 - Wha' Wadna Fecht for Charlie: http://www.traditioninaction.org/Cultural/Music_P_files/P003_Charlie.htm
 - Agus Hò Mhòrag - Òran Seumasach anns a bheil am Prionnsa air ainmeachadh mar Mhòrag. Tha gach ceann-cinnidh a dh'èireas leis san aramach ga ainmeachadh. <http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/94100/22>
 - Mo Rùn Geal Òg - boireannach a' caoidh an duine aice a chaidh a mharbhadh aig Blàr Chùil Lodair <http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/101566/16>
 - O Gur Mise a Tha Air Mo Chràdh - òran air Blàr Chùil Lodair le fear a bha na shaighdear anns a' bhliadhna <http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/76181/6>

B' urrainn don chlas agad an t-òran aca fhèin a sgrìobhadh mu thachartas inntinneach ann an eachdraidh nan Seumasach.

- Cuir deasbad air dòigh sa chlas. Roinn an clas na bhuidhnean agus thoir aon de na Stiùbhartach aig a bheil còir a' chrùn do gach buidheann - iarr orra a' chraobh-theaghlach a chur gu feum agus rannsachadh a dhèanamh gus an dèan iad tagradh airson an rìgh aca fhèin.

Obair àireamhachd

- Clàraich an t-slighe a ghabh am Prionnsa Teàrlach bhon a ràinig e Alba, sìos a Derby agus air ais a dh'Inbhir Nis. Faigh a-mach dè an t-astar a shiubhail iad, dè an ùine a bha iad a' siubhal agus dèan coimeas eadar seo agus an ùine a chosgas na sgoileirean is iad a' siubhal astar sònraichte. B' urrainnear seo fhilleadh a-steach do dh'obair Mìle Làitheil.

5. Goireasan a bharrachd

Tha grunn ghoinnean stèidhichte air an taisbeanadh ri lorg air-loidhne leithid ìomhaighean de na nithean san taisbeanadh agus puist bhlogaichean leis an luchd-obrach againn: www.nms.ac.uk/jacobites

Dreachan Gàidhlig

Tha dreachan Gàidhlig de na prìomh phanailean anns an taisbeanadh 'Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich' san sgrìobhainn seo: www.nms.ac.uk/media/1154813/gaelic-jacobiteslabels.pdf

Slighe nan Seumasach

Tha fios air 26 de na làraichean Seumasach as ainmeile agus barrachd mun taisbeanadh ri fhaighinn an seo: www.jacobitrail.co.uk

Suaicheantas Diomhair Seumasach

Làrach Blàr Chùil Lodair - Suaicheantas Diomhair nan Seumasach: <https://cullodenbattlefield.wordpress.com/2015/07/31/the-secret-symbols-of-the-jacobites/>

Còdan Diomhair - Aramach Seumasach 1715 - Leabharlann Nàiseanta na h-Alba <http://digital.nls.uk/1715-rising/secret-codes/index.html>

Eachdraidh nan Seumasach

Sealladh air eachdraidh nan Seumasach agus molaidhean air àiteachan math airson thursan inntinneach. <https://www.historicenvironment.scot/archives-and-research/publications/publication/?publicationId=e0421ff0-eaaa-471e-82f6-a5860105e028>

Farpais-cheist nan Seumasach aig Caisteal Dhùn Èideann

Farpais-cheist air na Seumasaich airson Caisteal Dhùn Èideann a sgrùdadh agus a cheanglaichean le aramachan nan Seumasach. <https://www.historicenvironment.scot/archives-and-research/publications/publication/?publicationId=17d646a1-b35b-433a-b3db-a7cb00d9a73c>

6. Ceistean no beachdan?

Ma tha ceist no moladh sam bith agad, nach cuir thu fios thugainn? Bu thoigh leinn obair sam bith a nì an clas agad fhaicinn an dèidh dhuibh tadhal air an taisbeanadh:

schools@nms.ac.uk @NtIMuseumsScot #Jacobites?